

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

10/11/21, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Mac a' Mhailein (sa Chathair) Donaidh MacAmhlaidh
Marion Nic na Ceàrdaich Ceit-Anna NicLeòid
Ailean Dòmhnullach (mar Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Rachel NicChoinnich [RMK] (Stiùiriche Ionmhais)
Nevil Lee [NL] (Comhairleachaidh Ionmhais) – airson puingean 1-5, 10 agus 11
Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais) – airson puing 6
Uisdean MacLeòid [UM] (Manaidsear Obrachaidh (Teicneòlas) – airson puing 8
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgriobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chuir air Stiùiriche Ionmhais ùr na buidhne chun chiad choinneamh aice.

1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (15/9/21)

3.1 Molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Ceit-Anna NicLeòid.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

4.2 Chaidh a dhaingneachadh nach robhas fhathast air coinneamh a ghlèidheadh le Rùnaire a'
Chaibineit ach gun tèid seo a thoirt air adhart ann an còmhraidhean leatha co-cheangailte ri
Lèirsinn ùr na buidhne.

- 4.3 Chaidh a dhaingneachadh gum bi an Roinn Ionmhais fhathast gann gu toiseachd na bliadhna ach san eadar-ama, gun deach NL fhastadh airson seirbhisean comhairle ionmhais.

5. Pasgan Cunntasachd Q2 2021-22

- 5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall agus rinn RMK iomradh.
- 5.2 Le iomradh sa phasgan gu robh argamaid làidir ann gu feumadh buidseat na h-ath bhliadhna ath-thogail a dhèanamh air cùl-stòran (reserves) na buidhne chaidh deasbad a chumail.
- 5.3 Chaidh aontachadh gur e am prìomh rud gu robh poileasaidh aig a' bhuidheann agus gum biodh e iomchaidh seo a dhèanamh mar phàirt de dh'ullachadh buidseit na h-ath bhliadhna.
- 5.4 Chaidh a chomharrachadh nach robh uallach sònraichte air a bhuileachadh air a' bhuidheann cùl-stòran a bhith aca agus gu robh e an urra ris a' bhuidheann a thaobh feumalachdan gnìomhachais ach gu robh e na mhodh-obrach chiallach gum biodh leithid aig a' bhuidheann.
- 5.5 Chaidh a dhaingneachadh gur ann air MG ALBA a bha uallach a' tuiteam airson obair càraidh ri linn an seòrsa lios a bh' aig a' bhuidheann leis an uachdaran.
- 5.6 Ann an co-theacs a buidseatadh, chaidh moladh gum biodh deasbad air a chumail air na suimean a bhathas a' cur gu taobbh airson margaidheachd.
- 5.7 **Co-dhùnadh:** thèid poileasaidh chùl-stòran, a dh'fheumas a bhith sùbailte, ullachadh aig an aon àm ri ullachadh buidseit na h-ath bhliadhna.
- 5.8 **Gníomh:** le uallach poileasaidh chùl-stòran a dhealbhachadh a' suidhe leis an Sgioba Àrd-stiùridh, thèid deasbad a chumail leis a' Bhòrd an ath-bhliadhna nuair a buidseat 2022/23 fo dheasbad. **(RMK)**

6. KPIs/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Chaidh meal-a-naidheachd a bhuileachadh air an sgioba ri linn 's gu robh iad comasach na h-àireamhan dèanadais a chumail aig ire àrd tro bhliadhna a bha air leth dùbhlach agus gu robh seo a' sealltainn an obair chruaidh a bha luchd-obrach a' dèanamh.
- 6.3 Bha faireachdainn ann gu robh cothrom ann cuid de na sgeulachdan misneachail seo innse dhan phoball.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 6.5 **Gníomh:** 1) thèid coimhead ri KPlan 2022/23 aig coinneamh Bùird san Fhaoilleach 2022 taobh a staigh a' Phlana Obrachaidh 22/23, le sùil gum biodh iad air an taisbeanadh mar chuspairean stèidhichte air an Lèirsinn 2022-27 agus gum biodh iad a' gabhail a-steach KPI

uaine/so-sheasmhachd agus 2) bho seo a-mach thèid figearan coimeis a chuir bliadhna air bliadhna far a bheil an co-theacsa ga iarraidh. ([DMD](#))

7. Aithisg Sgrùdaidh in-thaigh (Solarachadh)

- 7.1 Chaidh innse gun d' fhuaireas dreachd aithisg anmoch air 9/11/21 ach nach robh ùine aig an Sgioba Àrd-stiùiridh beachdachadh air gu h-iomchaidh.
- 7.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gun lean obair an Sgioba Àrd-stiùiridh air freagairt a chuir ri molaidhean na h-aithisg.
- 7.3 **Gníomh:** 1) thig obair Azets gu crìoch agus 2) thig an aithisg, le freagairtean agus gnìomhan, chun Chomataidh aig an ath choinneamh. ([RMK](#))

8. Clàr nan Riosgan

Clàr Covid-19

- 8.1 Thug UM iomradh air suidheachadh Covid na buidhne, ag innse ri linn Covid air neach-obrach agus uallachaidhean libhrigidh na Nollaig gu robh oifis Steòrnabhaigh dùinte gu direach luchd-obrach èiginneach agus gun deach innse don luchd-obrach gum biodh iad ag obair bhon taigh bhon Dàmhair chun Dùblachd 2021.
- 8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

Clàr nan Riosgan

- 8.3 Bhruiddhinn RMK mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus b' e na prìomh phuingean deasbaid:
- 8.4 #1 – thèid seo a thoirt a-mach oir tha e na dhùblachadh de riosg eile.
- 8.5 #4 – chaidh a dhaingneachadh gum bi Dion Saidhbear air clàr na Comataidh sa Ghearran 2022.
- 8.6 #8 – chaidh innse gu bheil còmhraidean a' leantainn le NLS agus gun deach aonta a ruighinn obraichean fhastadh gus an iomairt seo a ghluasad air adhart.
- 8.7 #14 – chaidh iarraidh air an Sgioba Àrd-stiùiridh briathran nas soilleire a chuir mu choinneimh na gnìomhan a bhathas a' moladh.
- 8.8 #15 – chaidh iarraidh prìomhachas shoilleir a thoirt don riosg seo mar aon de na prìomh chuspairean airson aire a' bhùird agus gum bi sin air fhaicinn gu soilleir air an duilleag.
- 8.9 Bha aithneachadh ann gu robh na riosgan as mothà a bha bho dheasbad gu h-iomlan co-cheangailte ri ceistean seasmhachd na buidhne, maoineachadh agus seasamh reachdail nam

meadhanan Gàidhlig agus gur iad sin prìomh chuspairean a bu chòir a bhith fo dheasbad aig ìre Bhùird.

- 8.10 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.11 **Gníomhan:** 1) thèid na h-atharraichean gu h-àrd an cuir an cèill mus tèid pàipear air beulaibh a' Bhùird san t-Samhain. **(RMK)**

9. Slàinte is Sàbhailteachd – Aithisg Bhliadhnailean 2020/21

- 9.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnailean is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 9.2 Bhruidhinn RMK mun aithisg bhliadhnailean air beulaibh bhall. Bha an aithisg bhliadhnailean seo airson a' bhliadhna 1/11/2020 gu 31/10/2021 a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean Health and Safety at Work Act 1974 agus a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.
B' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 9.3 Sàbhailteachd teine – cha robh e comasach Measadh Riosg Teine a chumail gus an deigheadh deuchainn dealain (electrical installation testing) a chumail – rud a bha fo uallach CnES. Tha an dùil seo a chumail tràth ann an 2022 and thèid measadh riosg teine a chumail cho luath 's a ghabhas an dèidh an obair seo.
- 9.4 Chaidh a chomharrachadh nach eil mòran mu slàint' inntinn san aithisg. Chaidh a ràdh airson aithisg na h-ath bhliadhna gun deigheadh fainear a thoirt don seo agus gum biodh e feumail nam biodh iomradh ga thoirt air an seo ann an aithisgean mìosail Slàinte agus Sàbhailteachd a bhios a' tighinn chun Sgioba Àrd-stiùiridh.
- 9.5 Chaidh aithneachadh gum biodh buaidh aig atharrachaidhean ann an obrachadh sùbailte agus cùmhnanntan obrach air poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd na buidhne agus chaidh aontachadh gum bu chòir am poileasaidh ùrachadh tràth ann an 2022.
- 9.6 Chaidh cuideachd aithneachadh gu robh am poileasaidh bho thùs air a sgrìobhadh bho thaobh togalach agus gun deach pìosan a chuir ris thairis air na bliadhnaichean. Bhathas a' moladh ath-thòiseachadh a dhèanamh le sùil sa chiad dol a-mach air slàinte dhaonna anns gach suidheachadh obrach.
- 9.7 Le cead Cathraiche na Comataidh, thuirt Cathraiche a' Bhùird, a bha na neach-amhairc aig a' choinneamh, gum b' fhiach coimhead san fharsaingeachd air na structaran a bh' aig a'

bhudheann airson a bhith a' làimhseachadh cùisean post-Covid, me, sgilean, tàlant agus airgead. Bha aithne ann gun cuideachadh am pròiseas buidseit, a tha air tòiseachadh, le seo.

- 9.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte leis an Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd.
- 9.9 **Gníomh:** 1) thèid an aithisg Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh na Samhna airson aonta agus 2) thig tionndadh ùr de Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh a' Bhùird sa Mhàirt. **(RMK)**

10. Buidseat 2021/22 – pròiseas agus clàr-ama

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt geàrr-iomradh air mar a bhios Buidseat 2022/23 ga ullachadh. Ged a bha mòran mhì-chinnt ann am-bliadhna, bha dùil gun tig freagairtean tron t-Samhain agus ann am buidseat Riaghaltas na h-Alba air 9/12/21. Bha am pàipear a' moladh gun tig am buidseat, mar Phlana Obrachaidh 2022/23 gu coinneimh shònraichte a' Bhùird air 19/1/22, agus gu Ofcom air no ro an 31/1/22.
- 10.2 Chaidh còmhradh a chumail mun chlàr-ama a bha air beulaibh bhall agus chaidh aontachadh gu robh e iomchaidh agus nach robh feum air coinneamh eile den Chomataidh ri linn 's gu robh e a' dol air beulaibh a' Bhùird san Fhaoilleach.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne cho cudromach 's a tha e gu bheil glèidheadairean buidseit an lùib a' phròiseas gus atharrachadh cultair a chomasachadh.
- 10.4 **Gníomh:** thig seo gu coinneamh shònraichte a' Bhùird air 19/1/22. **(RMK)**

11. Gèilleadh chìsean

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall airson adhbharan dearbhaidd, a' leanntan bhon choinneamh mu dheireadh.
- a) VAT
- 11.2 Chaidh innse gu robhas air fios fhaighinn air 9/11/21 bhon neach-comhairleachaidh gu bheileas a' gèilleadh gu h-iomlan.
- b) PAYE
- 11.3 Chaidh innse gun d' fhuireas daingneachadh bhon bhuidheann-comhairleachaidh gu bheil cuid de sheirbheisean a tha am buidheann a' glèidheadh a' tuiteam fo riaghailtean HMRC a tha a' ciallachadh gu feum PAYE agus NIC a phàigheadh.
- 11.4 Leanaidh obair gus an t-suidheachadh seo a mhìneachadh dhaibhsan air an toirt e buaidh agus thèid a rèiteachadh le HMRC.
- c) Cis Corporaid

- 11.5 A' leantainn fiosrachadh bho bhuidheann-comhairleachaidh, chaidh a dhaingneachadh gu bheil aithris chìsean chorporra na buidhne airson na sia bliadhna a dh'fhalbh gann. Cha robh iad a' toirt a-steach teachd-a-steach no cosgaisean co-cheangailte ri gnìomhan malaireach.
- 11.6 **Co-dhùnadh:** thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh gus dearbhadh a bheil cosgais cìs chorporra gu bhith a' tuiteam air a' bhuidheann.
- 11.7 **Gníomh:** 1) cumar còmhraidhean le HMRC gus cùisean PAYE, NIC agus Cìs Corporaid a thoirt gu buil agus 2) leis mar a bha am fiosrachadh a' sealltainn an call mòr ionmhasail a bhathas a' fulang le cosgaisean às-mhàlaidh (rentals) thèid coimhead air roghainnean a dhealbhachadh gus an t-suidheachadh seo a dhèanamh nas èifeachdaich.
- d) Seirbheisean (Utilities)
- 11.8 Thathas a' feuchainn fhathast faighinn gu bun cò tha a' pàigheadh airson gas ann an Nos. 54 & 56 Rathad Shìphoirt ann an còmhraidhean le British Gas agus CnES.
- 11.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte
- 11.10 **Gníomh:** leanaidh còmhraidhean gus an t-suidheachadh a rèiteachadh.

16. GISBE

- 16.1 Thèid Lèirsinn na buidhne fhoillseachadh an-diugh.

17. Deit na h-ath choinneimh – tbc ach 's docha 23/2/22

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: